

'S ma gheibh e thu d' leisgean,
 Gun deasach fa' chomhail,
 Cha dean aithreachas criche,
 Do dhionadh o'n doruinn.

Gur mithich fas diadhuidh,
 'S do chiabha air glassadh,
 Na 'm bearnaibh do dheudach,
 Is d' eudan air casadh;
 Do bhathais air rusgadh,
 'S do shuilean air prabadh,
 Agus croit ort air lubadh,
 Chum na h-uire do leaba'.

Tha na sruthana craobhach,
 Bha sgaoileadh a' d' bhallaibh,
 Gu mireagach buailteach,
 Clis gluasadaech tana;
 A nise air traoghadh
 O n' taomachadh thairis,
 O ragaich is dh' fhearrach
 Teas uabhair na fala.

Balg-seididh na beatha,
 Tha air caitheadh gun fheum ann,
 'S o chrup ann a' d' chhabh e,
 Gur h-e phian bhi ga sheideadh :
 Tha 'n corp d' chruit chuid ord,
 Air diultadh dbuid gleunadh,
 'S comhthir' cinnti air a thainguidh,
 Bhi lasach, a theudan.